

COINNEAMH: 8 SULTAIN 2022

AITHISG LE: RÙNAIRE DON CHOMISEAN

AITHISG BARANTAIS FEABHAS LUACH: COMHAIRLE NAN EILEAN SIAR

### Adhbhar

1. 'S e adhbhar a' phàipeir seo Aithisg Barantais Feabhas Luach (BVAR) air Comhairle nan Eilean Siar, a chaidh a dhèanamh leis an Rianadair Sgrùdaidh, a thoirt a-steach airson beachdachadh a' Chomisein.

### Cùl-fhiosrachadh

2. 'S e aon de na prìomh amasan ann an sgrùdadh Feabhas Luach gum faod an Coimisean barantas cunbhalach a thoirt don phoball mu mar a tha comhairlean a' coileanadh an dleastanasan reachdail a thaobh Feabhas Luach. Thathar a' dùileachadh gun gabh seo a dhèanamh leis an Rianadair Sgrùdaidh a' cur a-steach Aithisg Barantais Feabhas Luach air gach comhairle co-dhiù uair rè a chur an dreuchd fad còig bliadhna agus le aithriseadh air Feabhas Luach ann an aithisgean an sgrùdaidh bhliadhnail.
3. Tha am BVAR an cois seo (**Eàrr-ràdh 1**) air Comhairle nan Eilean Siar. 'S e seo a' chiad BVAR air a' Chomhairle, agus tha an aithisg ag aithris air an adhartas a rinneadh leis a' Chomhairle bhon aithriseadh air Feabhas Luach a rinneadh ron seo.
4. Rinneadh Sgrùdaidhean air Feabhas Luach agus air Dealbhadh Coimhearsnachd ann an Comhairle nan Eilean Siar airson Coimisean nan Cunntasan ann an 2006 agus 2011. Chaidh iar-sgrùdaidhean air an [aithisg 2011](#) fhoillseachadh san [Dùbhlachd 2012](#) agus sa [Chèitean 2014](#) (tha an toraidhean air an cur an cèill ann an **Eàrr-ràdhan 2 gu 4** fa leth). Thathar air a bhith ag aithris air co-phàirtean de Feabhas Luach taobh a-staigh an sgrùdaidh bhliadhnail bhon àm sin.
5. Tha sinn ag aithneachadh cho cudromach 's a tha a' Ghàidhlig do na h-Eileanan Siar agus tha sinn a' toirt fa-near gum bi a' Chomhairle a' foillseachadh prìomh sgrìobhainnean sa Ghàidhlig. Mar sin, tha an fhollaiseachd againn mun aithisg seo ri faotainn gach cuid sa Bheurla agus sa Ghàidhlig, a' gabhail a-steach tionndadh Gàidhlig de dh'aithisg an Rianadair Sgrùdaidh air làrach-lìn a' Choimisein mar phàirt de na pàipearan airson na coinneimh an-diugh. A bharrachd air sin, tha an làrach-lìn againn a' toirt taic do dh'eadar-theangachadh do iomadh diofar chànan, a' gabhail a-steach a' Ghàidhlig. Bruidhnidh sinn ri Riaghaltas na h-Alba agus/no Bòrd na Gàidhlig mu dheagh chleachdadh a bharrachd sam bith gus cothrom a thoirt air an aithisg.

### Aithisg an Rianadair Sgrùdaidh

6. Tha an Rianadair Sgrùdaidh a' dèanamh na h-aithisge BVAR don Choimisean fo earrann 102(1) de dh'Achd Riaghaltas Ionadail (Alba) 1973 (mar a chaidh atharrachadh le reachdas a lean, a' gabhail a-steach Achd Riaghaltas Ionadail an Alba 2003).
7. Tha an reachdas a' leigeil leis an Rianadair Sgrùdaidh aithisgean a dhèanamh don Choimisean a thaobh:
  - cunntasan nan ùghdarrasan ionadail a tha air an sgrùdadh fon Achd

- gnothaichean sam bith ag èirigh bho chunntasan nan ùghdarrasan sin, no bho sgrùdadh nan cunntasan sin, a tha an Rianadair Sgrùdaidh den bheachd gum bu chòir don ùghdarras ionadail beachdachadh air no gum bu chòir an tarraing gu aire a' phobaill; agus
  - coileanadh nan dleastanasan reachdail le ùghdarras ionadail a thaobh feabhas luach agus dealbhadh coimhearsnachd.
8. Thathar a' cur lethbhreac den aithisg chun na Comhairle, agus tha e mar fhiachaibh air a' Chomhairle lethbhreac dhith a thoirt do gach ball taghte na Comhairle agus lethbhreacan a bharrachd a dhèanamh rim faotainn airson sgrùdadh poblach. Aon uair 's gu bheil an Rianadair Sgrùdaidh air an aithisg a chur chun na Comhairle, bidh an aithisg, leis an fhìrinn innse, san àrainn phoblaich.
9. Tha an aithisg a' co-dhùnadh le sreath de mholaidhean, a rinneadh leis an Rianadair Sgrùdaidh, a tha gu bhith nam pàirt de bheachdachadh a' Chomisein.

### **Modh-obrach**

10. Tha an reachdas a' solarachadh gum faod, aon uair 's gun d' fhuaras aithisg bhon Rianadair Sgrùdaidh, an Coimisean a h-uile nì a leanas, ann an òrdugh sam bith, a dhèanamh, no fiù 's sìon a bharrachd:
- an Rianadair Sgrùdaidh a stiùireadh a bhith a' gabhail os làimh rannsachaidhean a bharrachd
  - èisteachd a chumail
  - toraidhean a' Chomisein a chur an cèill.
11. Faodaidh toraidhean a bhith a' gabhail a-steach molaidhean, agus faodaidh na pearsachan ris am bithear a' dèanamh nam molaidhean sin a bhith a' gabhail a-steach Ministearan na h-Alba, aig a bheil cumhachdan gus brath co-èigneachaidh a dhèanamh ag iarraidh air ùghdarras gnìomhan a ghabhail mar a thathar a' sònrachadh sa bhrath.
12. Bidh buill sgioba an sgrùdaidh an làthair aig coinneamh a' Choimisein agus bidh iad rim faotainn airson ceistean a fhreagairt air an fhianais agus breithean san aithisg. Bithear a' dèanamh seo sa phàirt phoblaich de choinneamh a' Choimisein.
13. Thathar a' sùileachadh gum bi an Coimisean an uair sin a' beachdachadh ann an dìomhaireachd air mar a tha e ag iarraidh a dhol air adhart. An dèidh sin, tha e mar fhiachaibh air a' Choimisean, fon reachdas, fios a chur chun na Comhairle air a' cho-dhùnadh aige, nì a dh'fheumas an Coimisean a choileanadh mus dèanar an co-dhùnadh poblach.

### **Co-dhùnadh**

14. Thathar a' toirt fiathachadh don Choimisean:
- a) beachdachadh air BVAR an Rianadair Sgrùdaidh air Comhairle nan Eilean Siar
  - b) co-dhùnadh a dhèanamh ann an dìomhaireachd mar a tha e ag iarraidh a dhol air adhart.

**Paul Reilly**  
**Rùnaire don Choimisean**  
**31 Lùnastal 2022**

**AITHISG BARANTAIS FEABHAS LUACH: COMHAIRLE NAN EILEAN SIAR**

Faic pàipear air leth.

**COMHAIRLE NAN EILEAN SIAR: SGRÙDADH FEABHAS LUACH AGUS DEALBHADH**

**COIMHEARSNACHD**

**TOROIDHEAN A' CHOIMISEIN**

**AN T-SAMHAIN 2011**

1. Tha Coimisean nan Cunntasan a' gabhail ris an aithisg bhon Rianadair Sgrùdaidh air coileanadh Comhairle nan Eilean Siar a thaobh nan dleastanasan reachdail aca air Feabhas Luach agus Dealbhadh Coimhearsnachd. Tha an Coimisean a' toirt fa-near, a thaobh nan dleastanasan seo, gu bheil coileanadh iomlan na comhairle riarachail agus gu bheil dùil chothromach aca air leasachadh san àm ri teachd.
2. 'S e toradh an Coimisean gu bheil coileanadh matha aig a' mhòr-chuid de sheirbheisean agus gu bheil a' chomhairle ag aithneachadh far a bheil leasachaidhean a dhìth agus gu bheil iad air luaths an atharrachaidh a mheudachadh o chionn ghoirid. Tha e air a mhisneachadh gu bheilear a' toirt taic dha seo le ceannardas poilitigeach is coimhearsnachd làidir, rianachd ionmhasail chiallach agus rianan riaghlachais fallain.
3. Tha an Coimisean a' togail chùisean-iomagain trom-chùiseach, ge-tà, air adhartas slaodach na comhairle san fharsaingeachd bhon a chaidh a' chiad aithisg Luach Feabhas fhoillseachadh ann an 2006. Ged a tha cuid de na h-eileamaidean bunaiteach airson Feabhas Luach air a bhith air an stèidheachadh, tha raointean cudromach ann far a bheil adhartas nas fheàrr a dhìth. Gu sònraichte, tha an cultar de dhùbhlann is piseach fhathast fo-leasaichte. Tha a' chomhairle, ged a bhios iad a' freagairt gu math ri measadh bhon taobh a-muigh tro sgrùdadh is rannsachadh, fhathast ais-ghnìomhach an àite for-ghnìomhach ann a bhith ag aithneachadh leasachaidhean agus gan cur an gnìomh. Feumaidh iad dòigh-obrach shiostamach corporra a stèidheachadh airson gnìomhachd piseach leantainneach, agus taic a thoirt dha seo le frèam-obrach èifeachdail airson fèin-mheasadh agus rianachd coileanaidh.
4. Tha an Coimisean a' coiteachadh a' cheannaird is sgioba stiùiridh corporra gus ceannardas nas soilleire is nas fhaicsinniche a thoirt seachad, gus dearbhadh gu bheil a' chomhairle làn-deiseil airson nan dùbhlann ris am bi iad a' cur aghaidh san àm ri teachd. Feumaidh iad plana ionmhais ro-innleachdail nas fhad-ùiniche a leasachadh, agus feumaidh comhairlichean dreuchd nas gnìomhaiche a chluiche ann an ghnòthach a' phisich.
5. Tha an Coimisean a' creidsinn gum feum a' chomhairle adhartas tràth a dhèanamh leis na leasachaidhean seo. Tha an Coimisean ag iarraidh aithisg a bharrachd bhon Rianadair Sgrùdaidh an dèidh mu 12 mìos air an adhartas a rinneadh leis a' Chomhairle.

**COMHAIRLE NAN EILEAN SIAR: SGRÙDADH FEABHAS LUACH AGUS DEALBHADH COIMHEARSNACHD – AITHISG IAR-SGRÙDAIDH**

**TOROIDHEAN A' CHOIMISEIN**

**AN DÙBHLACHD 2012**

1. Tha an Coimisean a' gabhail ri aithisg an Rianadair Sgrùdaidh air an adhartas a rinneadh le Comhairle nan Eilean Siar (a' chomhairle) ann a bhith a' freagairt ri toraidhean a' Choimisein a thaobh na h-aithisge air sgrùdadh Feabhas Luach na comhairle a chaidh fhoillseachadh san t-Samhain 2011.
2. Tha an Coimisean ag aithneachadh an adhartais a rinneadh leis a' chomhairle. Tha e air a mhisneachadh leis na leasachaidhean ann an ullachaidhean na comhairle airson rianachd coileanaidh agus ionmhais. Gu sònraichte, tha e a' toirt fa-near an comas a dh'fhaodadh a bhith aig an t-siostam rianachd coileanaidh ann a bhith a' toirt taic do bhuill thaghte gus sùil a chumail air, agus sgrùdachadh a dhèanamh air, coileanadh agus buaidh na comhairle ann an dòigh nas èifeachdaiche. Tha an comas seo fhathast gu bhith air a thoirt gu buil.
3. Tha an Coimisean a' toirt fa-near, ge-tà, mar chùis-iomagain nach robh adhartas ann an cuid de raointean. 'S e cùis-iomagain a th' ann nach urrainn don chomhairle fhathast riarachas chustamairean a thomhas gu h-èifeachdach. Gu brìoghmhor, feumaidh iad cuideachd barrachd adhartais a dhèanamh air mar a tha iad a' rianadh an fheachd-obrach aca. Feumar piseach a chur air an uimhir de mheasaidhean coileanaidh a thathar a' dèanamh, agus feumaidh a' chomhairle dèiligeadh ann an dòigh nas soilleire ris na h-ìrean de neo-làthaireachd air sàilleibh tinneas, a tha ag èirigh. Tha e cudromach cuideachd gum bi a' chomhairle a' libhrigeadh a' phlana pisich aca, a stèidhich iad mar fhreagairt ri toraidhean suirbhidh an luchd-obrach aca.
4. Tha an aithisg seo a' riochdachadh bun-loidhne airson leasachadh. Tha an Coimisean a' brosnachadh na comhairle gus an dèine airson leasachaidh a mheudachadh. A chum na crìche seo, tha an Coimisean ag iarraidh air an Rianadair Sgrùdaidh sùil a chumail air adhartas agus aithisg a dhèanamh air adhartas aig àm freagarrach taobh a-staigh an ath 18 mìosan.

**COMHAIRLE NAN EILEAN SIAR: SGRÙDADH FEABHAS LUACH AGUS DEALBHADH COIMHEARSNACHD – AITHISG IAR-SGRÙDAIDH**

**TOROIDHEAN A' CHOIMISEIN**

**AN CÈITEAN 2014**

1. Rinn an Rianadair Sgrùdaidh an aithisg aige gus cunntas as ùr a thoirt do Choimisean nan Cunntasan air adhartas Comhairle nan Eilean Siar fa chomhair toraidhean a' Choimisein air obair-sgrùdaidh a rinneadh roimhe air Feabhas Luach na comhairle a chaidh fhoillseachadh san Dùbhlachd 2012. Sna toraidhean sin, dh'aithnich an Coimisean gun robh a' chomhairle a' dèanamh adhartas ach cha b' ann sa h-uile raon. Dh'iarr an Coimisean air an Rianadair Sgrùdaidh sùil a chumail air adhartas agus aithriseadh air ais don Choimisean. Ron sin, ann an toraidhean a chaidh fhoillseachadh san t-Samhain 2011, chuir an Coimisean an cèill cùisean-iomagain trom-chùiseach mu adhartas iomlan na comhairle bho chionn a' chiad sgrùdaidh Feabhas Luach ann an 2006.
2. Tha an Coimisean a' gabhail ri aithisg an Rianadair Sgrùdaidh agus a' cur fàilte air an adhartas a rinneadh leis a' chomhairle fa chomhair nan toraidhean a dh'fhoillsich sinn roimhe.
3. Tha sinn air ar misneachadh leis an sgrùdachadh mheudaichte agus leis an dùbhlachd air coileanadh bho chomhairlichean agus leis an adhartas a rinneadh a thaobh mar a bhios a' chomhairle a' rianadh an fheachd-obrach aca, gu h-àraid ann an coileanadh, ionnsachadh agus leasachadh luchd-obrach fa leth. Tha sinn a' toirt fa-near gu bheil a' chomhairle ag aithneachadh gum feum iad beachdan an custamairean agus saoranach a mheasadh, agus a bhith a' dèiligeadh riutha, ann an dòigh nas èifeachdaiche.
4. Chaidh an structar làithreach airson riaghaltas ionadail a stèidheachadh ann an 1995 agus airson nan eilean ann an 1975. An coimeas ris an loidhne-ama sin, tha e reusanta gu tur gum bi am poball an dùil gum bi a' chomhairle aca mar bhuidheann a' cur fòcas air custamairean agus a' taisbeanadh prionnsapalan feabhas luach agus a' cur piseach air coileanadh gu cunbhalach. Ged a tha sinn, uime sin, a' cur fàilte air an adhartas mhòr a rinneadh gus cultar piseach leantainneach a leasachadh sa chomhairle, 's e am prìomh dhùbhlachd airson na comhairle a bhith a' dèanamh cinnteach gum fàs an cultar seo a bhith mar fheart maireannach nach tèid a lasachadh le tachartasan leithid atharrachaidhean ann an ceannardas poilitigeach no ceannardas aig ìre oifigearan. Tha e deatamach gu bheil ceannardas soilleir, èifeachdach ann, co-roinnte eadar buill agus oifigearan; gu bheil dlùth-leanailteachd ann ri prionnsapalan feabhas luach; agus gu bheil comas corporra làidir ann gus taic a thoirt do leasachaidhean: is iad sin na tàthchuidean a tha riatanach gus an cultar a dhèanamh maireannach.
5. Tha momantam deimhinneach sa chomhairle, agus feumaidh iad am momantam seo a chumail suas gus dèanamh cinnteach gum bithear a' libhrigeadh piseach leantainneach.